

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

G

Total

--

1220/402

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2011

DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
9.55 AM – 10.35 AM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Leughadh

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--

Leugh gach earrann gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.

Tha Pàirt 1 agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.

Tha Pàirt 2 agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.



EARRANN

Pàirt 1

An Tour de France

Thathas ag ràdh mun rèis bhaidhsagal, an *Tour de France*, gur i a' cho-fharpais lùth-chleasachd as dorra san t-saoghal. Faodaidh coimeas a bhith air a dhèanamh eadar an *Tour* 's a bhith a' ruith còig marathonan deug agus a' sreap Beinn Everest trì tursan an taobh a-staigh de thrì seachdainean! 'S e sin an ùine a tha an rèis bhliadhnail a' maireachdainn agus bidh na farpaisich a' siubhal trì mìle gu leth mìle. A dh'aindeoin faid na rèise, 's e glè bheag mar as trice a bhitheas a' dealachadh nam prìomh fharpaiseach aig a' chrìch. Mar eisimpleir, ann an 1989, rinn an t-Ameireaganach *Greg LeMond* a' chùis air an Fhrangach *Laurent Fignon* le dìreach ochd diogan!

Bidh an ùine a tha na farpaisich a' toirt gach latha air a cur còmhla agus 's e an duine leis an ùine as lugha tron *Tour* air fad a bhitheas a' buannachadh aig a' cheann thall. Mar a shaoileadh neach bho ainm na co-fharpais, tha a' mhòr-chuid den rèis a' gabhail àite san Fhraing fhèin. Bho na 1960an ge-tà, tha an rèis air a bhith a' tadhal air dùthchannan eile. Tha an *Tour* fiù 's air a thighinn a Bhreatainn dhà no trì thursan.

Tha toiseach eachdraidh an *Tour* an dà chuid inntinneach agus annasach. Cha robh mòran dhaoine a' ceannach a' phàipear-naidheachd *L'Auto* ann an 1902 agus bha e ann an cunnart a dhol fodha. Mhol fear de luchd-obrach a' phàipeir gum bu chòir dhaibh rèis bhaidhsagal a chur air dòigh a bhitheadh a' tadhal air iomadh sgìre san dùthaich. Bha e an dòchas gun glacadh an tachartas aire a' phobaill 's gun toireadh seo orra am pàipear a cheannach. Sin dìreach mar a thachair. Ghabh a' chiad *Tour* àite ann an 1903 agus chaidh 12,000 *Francs* a chur air leth dhan neach a bhuannaicheadh. Aig an àm sin, 's e airgead mòr a bha seo — sia tursan na bu mhotha na bhitheadh a' mhòr-chuid de mhuinntir na Frainge a' cosnadh ann am bliadhna!

CEISTEAN

1. Dè tha air a ràdh mun *Tour de France*?

2

2. Cò ris a tha an *Tour* air a choimeas?

3

3. Dè cho fad 's a tha an *Tour*?

350 mìle	
3,000 mìle	
3,500 mìle	

1

4. Carson a tha rèis 1989 air a h-ainmeachadh?

bhuannaich fear às an Fhraing fhèin an rèis	
's e glè bheag a dhealaich an dithis a bu luaithe	
's e rèis shònraichte a bha ann	

1

5. Cò bhuannaicheas an rèis?

2

[Tha ceistean 6, 7, 8, agus 9 air duilleag a ceithir

Comharraidhean

6. Dè tha air a bhith a' tachairt bho na 1960an?

2

7. (a) Dè bha anns an *L'Auto*?

càr	
baidhsagal	
pàipear-naidheachd	

1

(b) Dè an suidheachadh anns an robh an *L'Auto*?

2

8. (a) Cò aig a bha am beachd rèis bhaidhsagal a chur air chois?

1

(b) Dè bha an duine seo an dòchas a thachradh mar thoradh air an rèis?

2

9. Dè tha a' dearbhadh gur e *airgead mòr* a bha anns na 12,000 *Francs*?

3

(20)

[Tha Pàirt 2 air duilleagan 5, 6 agus 7

Pàirt 2

'S e rèis uabhasach doirbh a tha san *Tour de France* agus bidh cuirp nam farpaiseach a' fulang gu tric. Nuair a thòisich an rèis ann an 1903 bhitheadh farpaisich a' gabhail dhrogaichean a mhùchadh am pian. Anns na bliadhnachan mu dheireadh, tha iomadh farpaiseach air a bhith a' cleachdadh stuthan a bheireadh neart mì-nàdarra dhaibh. Chan eil e ceadaichte a bhith a' gabhail cuid de na stuthan sin. Chaidh an t-ainm *Tour na Nàire* a chur air an rèis ann an 1998 ri linn na h-àireimh de cho-fharpaisich a bha air an casg bho rèiseadh air sgàth dhrogaichean. A-mach à 189 farpaiseach a thòisich an *Tour*, cha do chrìochnaich ach 96. Gus smachd fhaighinn air an trioblaid seo, tha aig farpaisich a-nis ri dhol tro thòrr a bharrachd dheuchainnean dhrogaichean.

Tha an *Tour* air leth cudromach dha na milleanan de dhaoine san Roinn-Eòrpa a bhitheas a' cruinneachadh ri taobh na slighe a bhitheas na farpaisich a' gabhail. Bidh cuid dhiubh a' campadh airson seachdain ro làimh gus am faigh iad sealladh math den rèis. Bidh sùilean an luchd-amhairc air am *maillot jaune* – an geansaidh buidhe. 'S ann air an neach a tha sa chiad àite a bhitheas an geansaidh seo. Tha luach na duaise a gheibh an neach a bhuannaicheas an *Tour de France* air a bhith a' dol suas gach bliadhna. Chaidh duaisean caran annasach a thoirt don fheadhainn a shoirbhich eadar 1980 agus 1990. Mar eisimpleir, ann an 1988, chaidh taigh, obair-ealain agus leth-mhillean *Franc* a thoirt seachad mar a' chiad duais. Ann an 2009, chosinn *Alberto Contador* €450,000 airson an rèis a ghlèidheadh.

Ged a bhitheas a h-uile rìdire ag amas air an rèis air fad a bhuannachadh, tha trì co-fharpaisean eile mar phàirt den *Tour*. 'S i tè dhiubh seo a' cho-fharpais beinne anns am bi farpaisich a' faighinn phuingean airson mullach cuid de na beanntan a ruighinn an toiseach.

Thairis air na bliadhnachan ann an eachdraidh na rèise, tha dà rìdire air seasamh a-mach os cionn chàich. 'S e *Miguel Indurain* a' chiad duine a bhuannaich a' cho-fharpais còig tursan ann an sreath eadar 1991 agus 1995. Bhuannaich *Lance Armstrong* an rèis seachd tursan às dèidh a chèile bho 1999 gu 2005 – agus sin goirid an dèidh dha fulang le aillse na sgamhanan agus na eanchainn.

CEISTEAN

1. Carson a bhiodh farpaisich a' cleachdadh dhrogaichean ann an 1903?

1

2. Carson a tha cuid de fharpaisich air a bhith a' gabhail dhrogaichean o chionn ghoirid?

1

3. (a) Carson a chaidh an t-ainm *Tour na Nàire* a chur air an rèis ann an 1998?

3

(b) Dè am fiosrachadh a tha a' dearbhadh cho dona 's a bha an rèis seo?

2

4. Carson a tha e a-nis nas dorra do cho-fharpaisich a bhith a' cleachdadh dhrogaichean?

1

5. Carson a bhitheas cuid den luchd-amhairc a' campadh airson ùine mhòr?

1

6. Cò air a bhitheas an geansaidh buidhe?

1

[Tha ceistean 7, 8, 9 agus 10 air duilleag a seachd

Comharraidhean

7. Dè fhuair an neach a bhuannaich an rèis ann a 1988?

3

8. Cò gheibh puingean anns an fharpais beinne?

2

9. Carson a tha *Miguel Indurain* air ainmeachadh?

2

10. A bharrachd air buannachadh seachd tursan, dè eile a bha cho mìorbhaileach mu na rinn *Lance Armstrong*?

3

(20)

[40]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

--	--	--	--	--	--

Total
Mark
1220/406TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2011DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
3.00 PM – 3.30 PMGÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Èisteachd (Ceistean)**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm (ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

Tha dà earrann anns an deuchainn.

Earrann A

Èist ris an earrainn.

Leugh na ceistean.

Cluinnidh tu an earrann a-rithist, ann an dà phàirt, agus na ceistean airson gach pàirt.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.**Earrann B**

Cluinnidh tu an earrann dà thuras.

Èist gu faiceallach.

Leugh na ceistean.

Èist a-rithist; faodaidh tu notaichean a dhèanamh.

Freagair na ceistean: comharraich bogsa no sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.**

CEISTEAN

Earrann A

Pàirt I

1. (a) Cò dh'innis do Sarah an toiseach gun robh a bràthair air càr ùr a cheannach?

a caraidean	
a bràthair fhèin	
a màthair	

1

- (b) Dè a' chiad rud a rinn i nuair a chuala i an naidheachd?

1

2. Dè bhiodh na caraidean aig Sarah airson a dhèanamh?

1

3. Dè bha cudromach do Sarah?

2

4. (a) Dè a' chiad cheist a dh'fhaighnich Anna?

1

- (b) Carson nach do chuir a' cheist seo iongnadh air Sarah?

2

5. Carson nach do fhreagair Sarah an ath cheist aig Anna?

2

Pàirt II

6. Dè rinn Sarah cho luath 's a chuir i sìos a' fòn?

2

7. Carson a bha e gu bhith doirbh do Anna coiseachd?

Bha a casan goirt.	
Bha brògan le sàilean àrda oirre.	
Cha robh i a' faireachdainn gu math.	

1

8. Carson nach robh Sarah ag aithneachadh Màiri?

2

9. Cò às a thàinig na brògan a bha air Sarah?

1

10. Dè chuala iad?

2

11. Dè thàinig timcheall an oisein?

2

(20)

[Tionndaidh an duilleag

Earrann B

1. Dè chaidh innse dhut mun chàr?

3

2. Dè b' fheàrr le Sarah a dhèanamh an latha ud?

2

3. Ciamar a shiubhail an càr tron bhaile?

1

4. Dè rinn daoine air an t-sràid nuair a chaidh an càr seachad?

2

5. (a) Dè bha ceàrr air Màiri?

1

(b) Dè dh'fheuch i ri dhèanamh?

1

6. Dè thachair air pìos gu math cumhang den rathad?

2

7. Dè thachair pìos na b' fhaide air adhart?

3

8. (a) Dè cho fad 's a bha an càr air a dhol nuair a stad e?

1

(b) Dè bha air tachairt?

1

9. Cò ris a bha an t-sìde coltach aig an àm?

2

10. Càit an robh bràthair Sarah ag iarraidh a dhol Disathairne?

1

(20)

[40]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

1220/407

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2011

DIARDAOIN, 26 CÈITEAN
3.00 PM – 3.30 PM

GÀIDHLIG
An Ìre Choitcheann
Meadhan Ìre
Èisteachd (Earrann)

This paper must not be seen by any candidate.

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



(The passage below should be read in approximately 2½ minutes.)

EARRANN A

Tha Sarah NicLeòid a' bruidhinn air prògram rèidio mun latha a fhuair a bràthair càr ùr.

Pàirt I

Nuair a chuala mi o mo mhàthair gun robh mo bhràthair air càr ùr a cheannach, bha agam ri fòn a chur gu mo charaidean sa bhad. Bha mi cinnteach gum biodh iad airson a dhol a-mach cuairt ann an càr ùr spaideil. Bha e uabhasach cudromach dhomh gum faiceadh tòrr dhaoine an càr ùr.

“Dè seòrsa càr a th' ann?” dh'fhaighnich mo charaid Anna. Cha do chuir e iongnadh sam bith orm gun do dh'fhaighnich ise ceist mar seo. Feumaidh fios a bhith aice air a h-uile càil agus tha a sròn an-còmhnaidh a' cur dragh oirre.

“Dè na chosg an càr?” dh'fhaighnich Anna ann an guth na b' àirde. Cha do leig mi orm gun robh mi air a cluinntinn oir cha robh mi airson aideachadh nach robh mi fhèin air an càr ùr fhaicinn fhathast.

Pàirt II

Nuair a chuir mi sìos a' fòn, leum mi suas an staidhre airson aodach freagarrach a chur orm airson an turais. Uair a thìde an dèidh sin, bha mi fhìn, Anna agus Màiri a' feitheamh aig doras an taighe gus an tigeadh mo bhràthair sa chàr ùr. Abair stoidhle! Chan fhaca duine riamh a leithid! Bha dreasa air Anna agus sàilean cho àrd is gun robh e doirbh dhi seasamh. Cha robh mi buileach cinnteach ciamar a dhèanadh i an gnothach air coiseachd. 'S gann gun robh mi ag aithneachadh Màiri. Bha maise-gnùis oirre a bha uabhasach tiugh agus bha dathan de gach seòrsa mun cuairt air na sùilean aice. Bha sgiorta bheag ghoirid orm fhìn agus brògan beaga brèagha a bha mi air a ghoid bho mo phiuthar.

Bha mo charaidean a' fàs caran an-fhoiseil an dèidh dhuinn a bhith a' feitheamh greis. An uair sin chuala sinn fuaim uabhasach, a bha caran coltach ri plèan. Nach mi a fhuair am briseadh-dùil nuair a thàinig càr beag robach a bha a' tuiteam às a chèile timcheall an oisein.

“Ach càit a bheil an càr ùr?” chuala mi bho Mhàiri nuair a bha i a' feuchainn ris an doras fhosgladh.

* * *

(After a gap of 2 minutes, read Parts I and II and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)

Pàirt I

Nuair a chuala mi o mo mhàthair gun robh mo bhràthair air càr ùr a cheannach, bha agam ri fòn a chur gu mo charaidean sa bhad. Bha mi cinnteach gum biodh iad airson a dhol a-mach cuairt ann an càr ùr spaideil. Bha e uabhasach cudromach dhomh gum faiceadh tòrr dhaoine an càr ùr.

“Dè seòrsa càr a th' ann?” dh'fhaighnich mo charaid Anna. Cha do chuir e iongnadh sam bith orm gun do dh'fhaighnich ise ceist mar seo. Feumaidh fios a bhith aice air a h-uile càil agus tha a sròn an-còmhnaidh a' cur dragh oirre.

“Dè na chosg an càr?” dh'fhaighnich Anna ann an guth na b' àirde. Cha do leig mi orm gun robh mi air a cluinntinn oir cha robh mi airson aideachadh nach robh mi fhèin air an càr ùr fhaicinn fhathast.

(10 seconds)

CEISTEAN

1. (a) Cò dh'innis do Sarah an toiseach gun robh a bràthair air càr ùr a cheannach?

a caraidean, *no*

a bràthair fhèin, *no*

a màthair

(30 seconds)

(b) Dè a' chiad rud a rinn i nuair a chuala i an naidheachd?

(30 seconds)

2. Dè bhiodh na caraidean aig Sarah airson a dhèanamh?

(30 seconds)

3. Dè bha cudromach do Sarah?

(30 seconds)

4. (a) Dè a' chiad cheist a dh'fhaighnich Anna?

(30 seconds)

(b) Carson nach do chuir a' cheist seo iongnadh air Sarah?

(30 seconds)

5. Carson nach do fhreagair Sarah an ath cheist aig Anna?

(30 seconds)

Pàirt II

Nuair a chuir mi sìos a' fòn, leum mi suas an staidhre airson aodach freagarrach a chur orm airson an turais. Uair a thìde an dèidh sin, bha mi fhìn, Anna agus Màiri a' feitheamh aig doras an taighe gus an tigeadh mo bhràthair sa chàr ùr. Abair stoidhle! Chan fhaca duine riamh a leithid! Bha dreasa air Anna agus sàilean cho àrd is gun robh e doirbh dhi seasamh. Cha robh mi buileach cinnteach ciamar a dhèanadh i an gnothach air coiseachd. 'S gann gun robh mi ag aithneachadh Màiri. Bha maise-gnùis oirre a bha uabhasach tiugh agus bha dathan de gach seòrsa mun cuairt air na sùilean aice. Bha sgiorta bheag ghoirid orm fhìn agus brògan beaga brèagha a bha mi air a ghoid bho mo phiuthar.

Bha mo charaidean a' fàs caran an-fhoiseil an dèidh dhuinn a bhith a' feitheamh greis. An uair sin chuala sinn fuaim uabhasach, a bha caran coltach ri plèan. Nach mi a fhuair am briseadh-dùil nuair a thàinig càr beag robach a bha a' tuiteam às a chèile timcheall an oisein.

“Ach càit a bheil an càr ùr?” chuala mi bho Mhàiri nuair a bha i a' feuchainn ris an doras fhosgladh.

(10 seconds)

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

6. Dè rinn Sarah cho luath 's a chuir i sìos a' fòn?
(30 seconds)
7. Carson a bha e gu bhith doirbh do Anna coiseachd?
Bha a casan goirt, *no*
Bha brògan le sàilean àrda oirre, *no*
Cha robh i a' faireachdainn gu math
(30 seconds)
8. Carson nach robh Sarah ag aithneachadh Màiri?
(30 seconds)
9. Cò às a thàinig na brògan a bha air Sarah?
(30 seconds)
10. Dè chuala iad?
(30 seconds)
11. Dè thàinig timcheall an oisein?
(30 seconds)

Passage B should be read twice, with an interval of 2 minutes between each reading, to allow candidates to study the questions.

(The passage should be read in approximately 2½ minutes.)

EARRANN B

Tha Sarah a' cumail oirre ag innse mun chàr ùr.

'S e briseadh-dùil uabhasach a bha seo dhomh ach cha robh mi airson sin a shealltainn do chàch. Bha an càr fichead bliadhna a dh'aois, bha dath salach buidhe air agus bha ceò dhubh a' tighinn às. Leum sinn a-steach co-dhiù. B' fheàrr leam gun robh mi air fuireach aig an taigh a' glanadh mo rùm!

Chaidh sinn tron bhaile mar pheilear bho ghunna. Bha daoine air an t-sràid a' tionndadh timcheall agus a' toirt sùil uabhasach air a' chàr. Ach, nuair a dh'fhàg sinn am baile, dh'fhàs cùisean fichead turas na bu mhiosa. Bha Màiri a' faireachdainn tinn ann an cùl a' chàir ach ged a dh'fheuch i ris an uinneag fhosgladh, cha b' urrainn dhi sin a dhèanamh. Air pìos gu math cumhang den rathad, leum caora agus uan a-mach às an dig air beulaibh a' chàir. Cha do thuig na beathaichean bochda idir gun robh iad ann an cunnart am beatha. Na b' fhaide air adhart, cha mhòr nach deach sinn far an rathaid oir bha pìos mòr fiodha air tuiteam bho làraidh.

Ach, an uair sin, seachd mìle a-mach às a' bhaile, thachair rudeigin ris nach robh mi idir an dùil. Stad mo bhràthair air oir an rathaid agus dh'fhalbh e a choimhead ann an cùl a' chàir. Chaidh mionaid no dhà seachad mus do thuig mi gun robh sinn air ruith a-mach à peatrail. Choisich sinn uile air ais dhan bhaile gun fhacal, an t-uisge a' dòrtadh agus a' ghaoth a' sèideadh. Cha b' urrainn dhomh a chreidsinn nuair a dh'fhaighnich mo bhràthair an robh duine againn airson a dhol a Ghlaschu còmhla ris Disathairne!

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]